

Thug a' bhò bhreac breab don tuathanach mus do bhrist i a-mach às a' bhàthach. Leag i feansa agus balla mus do stad i. Thog an tuathanach feansa ùr ach tha na clachan ro throm dhan tuathanach. Mar sin, tha toll mòr fhathast sa bhalla.

Fios
Fuathmean

Sheas mi air stòl ri taobh Dad fhad 's a bha sinn a' fuine. Rinn sinn bonnach. Dh'ith sinn am bonnach le brot. Chòrd am bonnach agus am brot rinn.

Fios
Fuathmean

Dhùisg mi tràth 's mi a' dol a shnàmh. Thog mi am baga le stuthan snàmh ann agus dh'fhalbh mi dhan amar-snàmh. Bha mi a' snàmh gus an do dh'fhàs mi sgìth.

Fios
Fuathmean

Dùisgidh sinn tràth Latha na Nollaig. Bidh poca làn phrèasantan fon chraoibh dhuinn. Ithidh sinn biadh blasta tron latha agus cluichidh sinn geamannan.

Fios
Fuathmean

Thug mamaidh agus dadaidh chun a' sù sinn. Chunna mi muncaidh agus crogall. Chan fhaca mi tìgear. Bhrist agus thilg mi aran gu na tunnagan.

Fios
Fuaimean

Tha mo bhràthair beag cho crosta! Nì e rud sam bith airson mo chur a ghal. Bidh e a' falach an teadaidh agam agus a' sadail rudan orm. Bidh Mamaidh agus Dadaidh a' trod ris gu tric.

Fios
Fuaimean

Tha mi fadalach, tha mi duilich. Bha dàil air an trèana.
Thàinig mi air a' bhus, bus a bha slaodach a' dol tron
bhaile a' togail dhaoine.

Fios
Fuaimean

Choisich mi dhan sgoil. Bha mo chasan agus mo làmhan
fuar. Chluich sinn ball-coise anns an talla. Bha mi
a' gluasad agus dh'fhàs mi blàth.

Fios
Fuaimean

Bha sinn a' cluich sa phàirc nuair a thòisich an t-uisg'.

Chaidh mise agus mo bhràthair fo sgàilean Mamaidh.

Dhòirt e agus dhòirt e. Dh'fhàg an t-uisg' lòintean mòra air an rathad. Nuair a sguir an t-uisge, rinn sinn splais sna lòintean le ar bòtannan.